

# Comhairle Baile Dhùn Èideann



## Plana Gàidhlig 2024-29



Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 7 Cèitean 2024

# Clàr-innse

---

Geàrr-chunntas Gníomha	
Geàrr-chunntas Gníomha.....	3
Facal-toisich.....	4
Ro-ràdh.....	5
Gàidhlig ann an Dùn Èideann.....	6
Prìomh Phrionnsabalan.....	7
Toraidhean na Co-chomhairle .....	8
Bun-stèidh làidir .....	9
An ath ìre: 2024-29 .....	11
Maoineachadh a’ Phlana.....	15
Foillseachadh agus sanasachd a’ Phlana.....	15
Buileachadh agus sgrùdadh .....	16
Uallach iomlan airson a’ phlana .....	16
Pàipear-taice 1. Plana Buileachaidh.....	17
Prìomhachas 1. A' cleachdadh na Gàidhlig .....	17
Prìomhachas 2. Ag ionnsachadh na Gàidhlig.....	27
Prìomhachas 3. A' brosnachadh na Gàidhlig.....	33
Amasan Corporra, Luchd-obrach agus Corpais Coitcheann .....	35
Pàipear-taice 2. Geàrr-chunntas air fios air ais bhon cho-chomhairle phoblaich	Ri fhaighinn air iarrrtas
Pàipear-taice 3. Plana Leasachaidh FtG	Ri fhaighinn air iarrrtas
Pàipear-taice 4. Dè th' ann an Capital Gaelic?	Ri fhaighinn air iarrrtas
Pàipear-taice 5. Prìomh Ghoireasan	Ri fhaighinn air iarrrtas

## Geàrr-chunntas Gnìomha

---

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas reachdail air Comhairle Baile Dhùn Èideann taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro leasachadh Plana Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig a' soirbheachadh. 'S e seo an treas plana aig a' Chomhairle, a' mìneachadh na h-ath ìre de dh'obair gus a' Ghàidhlig adhartachadh, agus a h-ionnsachadh agus a cleachdadh ann an Dùn Èideann a mheudachadh.

Tha am plana a' togail air an adhartas fharsaing a chaidh a dhèanamh ann an Dùn Èideann bho 2012 nuair a chaidh a' chiad phlana fhoillseachadh. Tha adhartas air gabhail a-steach:

- Ag àrdachadh càileachd agus solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) bho na tràth-bhliadhnaichean gu na h-ìrean as sine.
- Ag adhartachadh agus a' stèidheachadh cànan is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle agus air feadh a' bhaile tro shoidhnichean air prìomh thogalaichean agus cladhan eachdraidheil, raon farsaing de thachartasan cultarail agus leasachadh chothroman dreuchdail.
- Neartachadh com-pàirteachas air feadh a' bhaile tro phròiseact Capital Gaelic, air a stiùireadh leis a' Chomhairle ann an com-pàirteachas le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.

Tha an treas plana ag amas air togail air an adhartas a tha air a dhèanamh, le fòcas air:

- A' leantainn air adhart a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 0-18 de dh'àrd-chàileachd, a rèir stiùireadh nàiseanta, amasan agus lèirsinn *Edinburgh Learns for Life* agus na *Edinburgh Imperatives: people, curriculum and inclusion*, a tha mar fhrèam ro-innleachdail na Comhairle airson Foghlam, agus air a chumadh le com-pàirteachadh luchd-ùidh.
- A' stèidheachadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean tro bhith a' leasachadh goireasan ionnsachaidh is teagaisg airson gach sgoil (a rèir Dòigh-obrach 1+2 Riaghaltas na h-Alba airson ionnsachadh cànan).
- A' leudachadh com-pàirteachadh leis a' Ghàidhlig tro chothroman airson ionnsachadh inbheach is teaghaich agus gnìomhachd chultarach – fosgailte dha gach duine.
- A' leantainn air adhart a' leasachadh nan cothroman cultarail, sòisealta agus cosnaidh a tha a dhìth airson a' Ghàidhlig a bhith a' soirbheachadh taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, le taic bho lionra Capital Gaelic agus obair com-pàirteachais nas fharsainge.

Tha am plana a' soilleireachadh beachd na Comhairle a thaobh sgoiltean FtG, 's e sin fòcas a chur air eòlas luchd-ionnsachaidh. Tha e cuideachd ag ràdh gu bheil na gnìomhan sa phlana an urra ri taic-airgid shònraichte leantainneach bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.

## Facal-toisich

---

Tha dealas aig Comhairle Baile Dhùn Èideann gus a bhith a' cur taic ri agus a' toirt fàs air Gàidhlig am measg ar luchd-obrach, ar coimhearsnachdan, anns na sgoiltean againn agus anns a' chultar againn anns an fharsaingeachd.

Mar phrìomh-bhaile na h-Alba, tha dleastanas sònraichte air Dùn Èideann a bhith ag àrach agus a' cuideachadh le fàs na Gàidhlig. Tha Gàidhlig na pàirt bhunaiteach de ar dualchas cho-roinnte agus de ar n-ìomhaigh nàiseanta, agus tha i na pàirt air leth agus ro-chudromach de bheartas cultarail na h-Alba.

Tha ar modh-obrach a thaobh a bhith a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh ar Plana Gàidhlig (PG) air a dhaingneachadh leis na prionnsapalan gum bi spèis cho-ionann ris a' Bheurla aig Gàidhlig, agus gum bi tairgse ghnìomhach ga dhèanamh de ar seirbheisean Gàidhlig don luchd-obrach againn agus don phoball. Bidh an dòigh-obrach againn a thaobh na Gàidhlig a' dol a rèir 'Sealladh Baile Dhùn Èideann 2050' a tha ag aithris gu bheil Dùn Èideann ag amas air a bhith na bhaile co-cheangailte, brosnachta, cothromach agus soirbheachail. Tha a' Ghàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig aig cridhe na lèirsinn seo.

Thar beatha a' Phlana Ghàidhlig mu dheireadh againn, tha a' Chomhairle air ceuman mòra a ghabhail gu ruige cànan is cultar na Gàidhlig anns a bheil barrachd spionnaidh agus a tha nas fhaicsinniche. Tha sinn air leantainn air adhart a' lìbhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) de dh'àrd-chàileachd bho na tràth bhliadhnaichean, tron bhun-sgoil agus chun na h-àrd-sgoile, a' dèiligeadh ri dùbhlain Covid-19 agus a' toirt taic do sgiobaidhean luchd-obrach, teaghlaichean agus luchd-ionnsachaidh gluasad air adhart bhon ghalar lèir-sgaoilte. Tha solar airson FtG air leudachadh agus leasachadh gu mòr thar beatha a' chiad agus an dàrna tionndaidh den PhG againn.

Tha sinn air leantainn oirnn ag obair a dh'ionnsaigh seasmhachd don Ghàidhlig air feadh a' bhaile agus air buannachd mhòr fhaighinn à stèidheachadh dreuchd shònraichte, a chaidh a mhaoineachadh ann am pàirt le Bòrd na Gàidhlig, a tha a' tabhann eòlas, ealantas agus cruthachalachd gus àrdachadh mòr a thoirt air faicsinneachd na Gàidhlig sa bhaile. Chruthaich seo na bunaitean airson Capital Gaelic, com-pàirteachas le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, ag obair còmhla ri com-pàirtichean air feadh a' bhaile gus a' Ghàidhlig fhisge a-steach mar phàirt bheothail de bheatha Dhùn Èideann airson buannachd shaoranaich agus luchd-tadhail.

Bidh am plana seo air a lìbhrigeadh le ceannardas nam ball taghte agus le taic agus dealas luchd-obrach na comhairle. Gu cudromach, coimheadaidh sinn cuideachd airson gach cothrom fàs a thoirt air faicsinneachd àrdachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig anns na coimhearsnachdan againn san fharsaingeachd.

Ged a thathar ag aithneachadh gun tèid am plana seo a chur an gnìomh aig àm nuair a bhios ionmhas na roinne poblaich a' fulang dùbhlain farsaing thar nan còig bliadhna a tha romhainn, bidh sinn ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan Gàidhlig agus le raon de chom-pàirtichean is bhuidhnean, a tha a' sìor fhàs nas eadar-mheasgte, gus dòigh-obrach bheothail is sheasmhach a chur an sàs a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig anns a' bhaile.

An Comhairliche Cammy Day, Cathraiche Fòram Co-obrachail Gàidhlig Dhùn Èideann

Paul Lawrence, Àrd-oifigear

## Ro-ràdh

---

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e aon de phrìomh fheartan Achd 2005 gu bheil e a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras poblach plana Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd le bhith a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus a cleachdadh.

'S e seo Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar gnìomhan, mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh am plana ullachadh a rèir slatan-tomhais reachdail a tha air am mìneachadh san Achd agus le aire don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Seo an treas Plana Gàidhlig aig Comhairle Baile Dhùn Èideann. Tha e a' mìneachadh amasan is gnìomhan àrd-ìre airson nan còig bliadhna tha romhainn, a rèir Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd agus gus:

- Meudachadh thoirt air cleachdadh na Gàidhlig
- Àrdachadh thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig
- A bhith a' brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig.

Tha am Plana Gàidhlig seo a' co-thaobhadh ri àrd phrìomhachasan [Plana Gnìomhachais Comhairle Baile Dhùn Èideann](#), is iad sin:


- Cruthaich àiteachan math airson fuireach agus obair ann an Dùn Èideann
- Dèan a h-uile gnìomh ionadail a tha a dhìth gus crìoch a chur air bochdainn ann an Dùn Èideann
- Obraich gus baile-mòr neoni lom a lìbhrigeadh ro 2030.

Tha am PG cuideachd a' co-thaobhadh ri 'Sealladh Baile Dhùn Èideann 2050' a tha ag ràdh gu bheil Dùn Èideann ag amas air a bhith na bhaile-mòr ceangailte, brosnachta, cothromach agus soirbheachail; agus ri amasan agus lèirsinn *Edinburgh Learns for Life* agus na *Edinburgh Imperatives: people, curriculum and inclusion*. Is iad sin frèam ro-innleachdail na Comhairle

airson Foghlam, agus tha a' Ghàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig nam pàirt riatanach dheth.

## Gàidhlig ann an Dùn Èideann

Mar phrìomh-bhaile na h-Alba, tha dleastanas sònraichte air Dùn Èideann a bhith ag àrach agus a' cuideachadh fàs na Gàidhlig. Tha Gàidhlig na pàirt bhunaiteach de ar dualchas choinnte agus de ar n-ìomhaigh nàiseanta, agus tha i na pàirt air leth agus ro-chudromach de bheartas cultarail na h-Alba. Tha Dùn Èideann air a bhith na àite cudromach dhan Ghàidhlig fad linntean le grunn ainmean-àite ann an Dùn Èideann air a thighinn bhon Ghàidhlig. Mar eisimpleir, Craigentinny, a tha a' ciallachadh Creag an t-Sionnaich. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Ghàidhlig ann an Dùn Èideann ri fhaighinn [bhon cheangal seo](#) gu duilleag air làrach-lìn *Forever Edinburgh*.



# Prìomh Phrionnsabalan

Tha dealas aig Comhairle Baile Dhùn Èideann do na prionnsabalan a leanas ann an leasachadh agus libhrigeadh a' phlana seo:

## Spèis Cho-ionann

Nì sinn cinnteach, far a bheil a Ghàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar gnìomhachd agus ar seirbheisean, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a tha sinn a' toirt seachad sa Bheurla.

## Tairgse Ghnìomhach

Nì sinn tairgse gnìomhach de ar seirbheisean Gàidhlig don luchd-obrach againn agus don phoball. Nì seo cinnteach nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil iad ann, agus gu bheilear gam brosnachadh gu gnìomhach gus an cleachdadh. Nì sinn cinnteach gum bi ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

## Àbhaisteachadh

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil àbhaisteachadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha làitheil na h-Alba an latha an-diugh air leth cudromach ann a bhith a' cumail suas agus a' fàs na Gàidhlig agus a' chultar co-cheangailte ris, agus nì sinn cinnteach gum bi cothroman a tha ann don phoball agus don luchd-obrach againn Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, mar thaic ri amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.

## Toraidhean na Co-chomhairle

---

Tha an t-Achd ag iarraidh air ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail mun dreachd Plana Gàidhlig aca mus cuir iad a-steach e gu Bòrd na Gàidhlig.

Rinn a' Chomhairle co-chomhairle air dreachd de phlana air an Ionad Co-chomhairle airson sia seachdainean an cois dà sheisean le prìomh bhuidhnean luchd-ùidh, aon aghaidh ri aghaidh agus aon air-loidhne. Bha 83 freagairtean ann don t-suirbhidh air-loidhne: 77 bho shaoranaich fa-leth agus 6 bho bhuidhnean/buidhnean coimhearsnachd; agus cuideachd, aon fhreagairt puist-d.

Bha aonta san fharsaingeachd gur e na prìomhachasan a tha air am mìneachadh an fheadhainn cheart. Am measg nan raointean prìomhachais eile a chaidh ainmeachadh tha:

- Dèan cinnteach gu bheil planadh gu leòr ann agus ro-innleachd làidir gus taic a thoirt do sheasmhachd is leasachadh FtG; agus leudachadh air an t-solar bho na tràth-bhliadhnaichean suas
- Leudaich agus cuir air adhart prìomhachasan don choimhearsnachd gun Ghàidhlig gus mothachadh, ùidh agus conaltradh àrdachadh, agus Gàidhlig a dhèanamh nas inghabhaltaich
- Leasaich foghlam inbheach agus cuir ri cothroman cosnaidh
- Conaltradh brìghmhor agus follaiseach le coimhearsnachd na Gàidhlig.

San aon dòigh, bha aonta iomlan ann gur e na gnìomhan a chaidh a mhìneachadh an fheadhainn cheart. Am measg ghnìomhan eile a bu toil le luchd-freagairt fhaicinn tha:

- Àrdachadh fastadh, trèanadh, leasachadh agus gleidheadh luchd-obrach foghlaim
- Stèidheachadh cànan na Gàidhlig tarsainn a' churraicealaim meadhain-Bheurla, a' leudachadh ruigsinneachd do gach sgoilear
- Leasachadh air conaltradh le pàrantan agus coimhearsnachdan sgoile
- Leasachadh slighean cosnaidh
- Leasachadh shoidhnichean Gàidhlig
- Barrachd gealltanais ionmhais.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann am Pàipear-taice 2, ri fhaighinn air iarrrtas.



## Bun-stèidh làidir

---

Tha am Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh àrd-amasan agus planaichean airson na h-ath ìre de stèidheachadh agus adhartachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig soirbheachail san àm ri teachd.

Is e na prìomh amasan gum bi Foghlam Gàidhlig làidir agus èifeachdach againn agus, gu cudromach, an cothrom a bhith a' cleachdadh agus ag ionnsachadh mun chànan agus a' chultar taobh a-muigh a' chlas, gus am bi a' Ghàidhlig nas buntainniche, nas ruigsinniche agus nas inntinniche don t-sluagh air fad.

Tha am plana a' leantainn air adhart a' togail air an adhartas a chaidh a dhèanamh bho 2012, nuair a chaidh a' chiad phlana fhoillseachadh.

Tha adhartas ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a' gabhail a-steach:

- Solarachadh **FtG tràth-bhliadhnaichean** nas fheàrr agus air fàs (airson clann aois 0-5 bliadhna) tro Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, agus conaltradh le solaraichean com-pàirteachais gus comas àrdachadh; dreuchd shònraichte Oifigear Leasachaidh, pàirt-mhaoinichte le Bòrd na Gàidhlig, gus taic a thoirt do leasachadh agus co-thaobhadh thairis air seirbheisean tràth-bhliadhnaichean.
- Leasachadh air an **oighreachd ionnsachaidh** a' gabhail a-steach cruthachadh comas a bharrachd agus leasachadh fuaimearrachd taobh a-staigh togalach na bun-sgoile; gluasad gu ionad FtG aig àrainn Darroch a tha air ath-nuadhachadh; cruthachadh agus trusadh dreuchd Leas-cheannard Àrd-sgoile gu sònraichte airson FtG; agus faighinn maoinachadh calpa a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba airson IT, uidheam saidheans agus àite àraich.
- Leudachadh leantainneach air **tairgse curraicealaim FtG** thar ar solair, taobh a-staigh Foghlam Farsaing Coitcheann (sa cho-theacsa seo, bho bhun-sgoil 1 gu AS2) agus chun na h-ìre as sine.
- Solarachadh cothroman **ionnsachadh proifeiseanta** fad-dreuchd do sgiobaidhean sgoile.
- Leasachadh obair com-pàirteachais gus àrdachadh agus leudachadh air **bogadh do luchd-ionnsachaidh** agus gus cothroman a mheudachadh airson com-pàirteachadh brìghmhor le cànan is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile.

Tha adhartas ann a bhith ag adhartachadh agus a' stèidheachadh cànan is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh agus taobh a muigh na Comhairle a' gabhail a-steach:

- **A' cumail a' toirt taic do luchd-obrach na Comhairle agus Buill Thaghte** le ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig sa Chomhairle, a' toirt a-steach cànan, eachdraidh agus cultar.
- **Ag àrdachadh faicsinneachd na Gàidhlig** ann an diofar dhòighean mar soidhnichean (m.e. làraichean cladh eachdraidheil, Ionad-Spòrs Bhruach na Dalach agus Campas Coimhearsnachd Bràigh a' Chaisteil); dà thaisbeanadh a chaidh a chumail ann an

Ionad Ealain a' Bhaile ([William McLean](#) agus [Donald Smith](#)) air an do leasaich Oifigear Leasachaidh Capital Gaelic ceanglaichean ri Àrd-Sgoil Sheumais Ghilleasbuig gus am biodh cothrom aig sgoilearan tadhal air agus a dhol an sàs; agus cuairtean buidhne le luchd-ionnsachaidh adhartach.

- Ag obair le buidhnean com-pàirteachais (toirt a steach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann agus Mòd Ionadail Dhùn Èideann gus **prògram de thachartasan is thaisbeanaidhean Gàidhlig a libhrigeadh**, a-rithist a' toirt a-steach coimhearsnachd na Gàidhlig agus sgoilearan FtG.
- A' cumail a' brosnachadh na **Gàidhlig ann an turasachd**, ag obair le *Invisible Cities* gus turas "Gàidhlig ann an Dùn Èideann" a leasachadh agus le VisitScotland mar bhall den Bhuidheann Buileachaidh Gàidhlig aca.
- A' leantainn air adhart a' leasachadh **chothroman dreuchdail** do sgoilearan FtG, mar eisimpleir, *Young Female Leadership Programme*, le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig agus le taic bho Bhàillidh Gifford.
- Cuideachd, tha sinn a' cur ri leasachadh shlighean gu Preantasachdan Bunaiteach mar phàirt de dh'obair cho-obrachail air feadh a' bhaile le sgoiltean agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh.

Tha am pròiseact Capital Gaelic air a bhith na leasachadh mòr, ann an com-pàirteachas le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, agus air a mhaoineachadh ann am pàirt le Bòrd na Gàidhlig. Thòisich am pròiseact, a chaidh a mhaoineachadh an toiseach airson aon bhliadhna, aig deireadh 2021, ag amas air dòigh-obrach com-pàirteachais cho-òrdanaichte agus chruthachail a thoirt a-steach airson a' Ghàidhlig fhisge a-steach mar phàirt bheothail de bheatha Dhùn Èideann airson buannachd shaoranaich agus luchd-tadhail. Le bhith a' togail obair com-pàirteachais thar nam buidhnean poblach ann an Dùn Èideann, tha e a' co-thaobhadh ri amasan agus àrd-mhiannan Achd na Gàidhlig. Pàipear-taice 4, ri fhaighinn air iarrtas.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mun adhartas gu ruige seo ri fhaighinn ann an aithisgean bliadhnaile na Comhairle gu Bòrd na Gàidhlig. Tha an aithisg adhartais as ùire ri fhaighinn [an seo](#).

## An ath ìre: 2024-29

An dà phrìomh amas san ath ìre de ar Plana Gàidhlig airson 2024-2029:

- A' leantainn air adhart a' leasachadh Foghlam Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd airson 0-18 bliadhna.
- Na cothroman cultarail, sòisealta agus cosnaidh a tha a dhìth airson soirbheachadh na Gàidhlig a leasachadh airson math a h-uile duine a tha a' fuireach, ag obair no a' tadhal air a' bhaile.

Airson foghlam, tha sinn ag iarraidh gum faigh a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas air teagasg agus ionnsachadh den chàileachd as fheàrr. Tha na h-amasan againn airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana Leasachaidh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha leasachadh a' churraicealaim, ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas gus taic a thoirt dha seo fhathast mar an raon fòcais as cudromaiche againn airson coileanadh taobh a-staigh beatha a' phlana.

Thathas air a bhith a' beachdachadh air cruth agus suidheachadh solar FtG sa bhaile airson grunn bhliadhnaichean, le measadh roghainnean airson solar àrd-sgoile ùr air a thaisbeanadh an toiseach do phàrantan san Fhaoilleach 2020. Cho-dhùin Comataidh an Fhoghlaim, na Cloinne agus nan Teaghlaichean san Fhaoilleach 2022 dàil a chur ann am planaichean airson co-chomhairle reachdail air an t-solar ùr FtG a thathar a' moladh gus am b' urrainn do dh'oifigearan tuilleadh conaltraidh ro-cho-chomhairle a dhèanamh le pàrantan agus com-pàirtichean. Tha seo a' dol air adhart agus bheir e seachad clàran-ama airson nan gnìomhan gus solar FtG a leasachadh ge bith càite an tèid FtG is FLI a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach Leas-thaigh Darroch aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig.

Aig an àm seo, chan eil buidseatan air an riarachadh ann am Prògram Tasgadh Calpa na Comhairle airson bun-sgoil no àrd-sgoil FtG ann an Dùn Èideann agus mar sin chan eil obair sam bith ga leasachadh an-dràsta air a' phròiseact seo. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air dearbhadh nach eil airgead aca airson sgoil Ghàidhlig ùr a thogail ann an Dùn Èideann.

Tha sinn an dùil cuideam a bharrachd a chur air dà-chànanas agus calpa cultarail, a nì ceangal ri foghlam cànan thar ar sgoiltean. Thèid cothroman do luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh a leasachadh agus a bhrosnachadh anns a h-uile sgoil. Cuiridh sinn air Seachdain Ionnsachaidh na Gàidhlig, aig an aon àm ri Seachdain na Gàidhlig, mar dhòigh air conaltradh nas fharsainge a bhrosnachadh le cànan is cultar na Gàidhlig thar ar coimhearsnachdan sgoile. Nì sinn lèirmheas cuspaireil air solar Ionnsachadh Cànan na Gàidhlig do chloinn, teaghlaichean agus inbhich mar bhunait airson planadh agus leasachadh san àm ri teachd thar beatha a' phlana seo.

## **A' toirt fàs air cothroman cultarail, sòisealta agus cosnaidh**

Feumaidh foghlam ceanglaichean làidir ri cothroman cultarail, sòisealta agus cosnaidh gus am bi a' Ghàidhlig a' soirbheachadh, agus tha iad sin a' cur feum air:

1. Cothroman brìoghmhor airson Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh suidheachaidhean clasa, gu sònraichte do dhaoine òga. Tha e deatamach gun tèid cothroman obrach òigridh a leasachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig.
2. Eòlas, tuigse agus spèis don Ghàidhlig nas fharsainge am measg an t-sluaigh san fharsaingeachd de luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail a' bhaile tro barrachd chothroman gus Gàidhlig fhaicinn, a chluinntinn agus a chleachdadh.
3. Barrachd conaltraidh le cànan is cultar na Gàidhlig thar ghinealaichean agus thar choimhearsnachdan.

Gus taic a thoirt don mhiann seo, cumaidh a' Chomhairle air ag obair le buidhnean poblach eile air feadh Dhùn Èideann gus bunaitean a thogail dha Capital Gaelic. Le bhith a' co-obrachadh agus a' co-roinn ghoireasan, tha lìonra Capital Gaelic ag amas air cothroman gus ionnsachadh mun chànan agus mun chultar a mheudachadh do na h-uimhir de dhaoine 's as urrainn, a' toirt na Gàidhlig gu bhith na pàirt bheothail de bheatha a' bhaile airson buannachd shaoranaich agus luchd-tadhail.

# Prìomhachasan airson 2024-2029

A' toirt taic do na h-amasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd, tha geàrr-chunntas gu h-ìosal air na prìomhachasan airson an ath thionndadh de Phlana Gàidhlig na Comhairle. Tha mion-fhiosrachadh mu na gnìomhan gus taic a thoirt dhaibh, a' gabhail a-steach raointean-ama, air am mìneachadh sa phlana buileachaidh, a chithear ann am Pàipear-taice 1.

## 1. A' cleachdadh na Gàidhlig

- Dèan cinnteach gun leasaich clann agus daoine òga ann am FtG mothachadh làidir air cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig, ceangailte ri feallsanachd, lèirsinn agus amasan nan sgoiltean aca:
  - Dèan lèirmheas air amasan agus lèirsinn na sgoile
  - Cruthaich agus leasaich com-pàirteachasan agus lionraidhean.
- Solaraidh cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile airson luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean gus a dhol an sàs gu gnìomhach ann an cànan is cultar na Gàidhlig, co-cheangailte ri pròiseact Capital Gaelic:
  - Obraich còmhla ri coimhearsnachdan na sgoile againn, Spòrs Gàidhlig, Comann na Gàidhlig, Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann agus Fèis Dhùn Èideann airson cothroman a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhan co-obrachail tron Ghàidhlig
- Thoir taic ghnìomhach do leasachadh ionad Gàidhlig
- Cum a' dol a' leasachadh conaltradh le coimhearsnachdan Gàidhlig
- Leasaich ceanglaichean ri cothroman cosnaidh.

## 2. Ag ionnsachadh na Gàidhlig

- Leant air adhart a' leasachadh càileachd solar FtG bho 0-18 a rèir stiùireadh nàiseanta agus air a chumadh le com-pàirteachadh luchd-ùidh, a tha a' toirt a-steach guthan chloinne is dhaoine òga:
  - Lean air adhart a' neartachadh ar solar 0-3 Cròileagain agus ar solar 0-5
  - Gabh pàirt ann am Prògram Co-chomhairle fo stiùir Luchd-ionnsachaidh
  - Lean air adhart a' buileachadh ar Plana Leasachaidh FtG
  - Lean air adhart a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air solar FMG a leudachadh aig ìre àrd-sgoile.
- Gabh os làimh an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic, mar a bhios iomchaidh, do chomas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig:
  - Lean air adhart a' toirt taic do dhà-chànanas tràth agus ionnsachadh cànanain agus dèan ceangal ri buidhnean mion-chànanan eile
  - Dèan lèirmheas cuspaireil air solar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do chloinn ann an sgoiltean, teaghlaichean agus luchd-ionnsachaidh inbheach
  - Cruthaich agus broснаich stuthan teagaisg is ionnsachaidh airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

- Cum oirnn a' tabhann chùrsaichean Gàidhlig/mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle
- Lean air adhart a' toirt taic do chothroman dha pàrantan gus an cuid Gàidhlig a leasachadh.

### **3. Ag adhartachadh na Gàidhlig**

- Thoir fàs air mothachadh, ùidh agus cleachdadh chothroman Gàidhlig airson gach aois:
  - Lean air adhart a' leasachadh agus a' stèidheachadh a' phròiseict Capital Gaelic còmhla ri prìomh chom-pàirtichean air feadh a' bhaile
  - Oobraich còmhla ri luchd-ùidh gus faighinn a-mach dè an dòigh as fheàrr air taic fhaighinn bho eòlaichean Gàidhlig ann an Dùn Èideann
  - Brosnaich cothroman gus cànan is cultar na Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh.

Tha am plana buileachaidh, a chithear ann am Pàipear-taice 1 a' toirt mion-fhiosrachadh air na gnìomhan a bheir taic do na h-amasan sin.

## Maoineachadh a' Phlana

---

Tha maoineachadh airson gach eileamaid den PhG a' tighinn bho ghrunn thobraichean eadar dhealaichte, agus tha na gnìomhan a tha air am mìneachadh sa phlana an urra ri taic ionmhais shònraichte leantainneach bho Riaghaltas na h-Alba:

- Maoineachadh foghlaim gach sgoileir airson sgoiltean
- Maoineachadh airson sgoiltean le àireamhan dol suas
- Maoineachadh calpa a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba
- Tabhartasan bho Bhòrd na Gàidhlig gus taic a chumail ri dreuchdan agus pròiseactan sònraichte.

## Foillseachadh agus sanasachd a' Phlana

---

### Taobh a-staigh

Thèid innse do luchd-obrach na Comhairle mu fhoillseachadh a' phlana ùir tro eadra-lìon na Comhairle, fiosrachadh do mhanaidsearan agus *Newsbeat* na Comhairle a tha cuideachd air a chleachdadh gus innse do luchd-obrach mu chothroman gus an eòlas agus am mothachadh air a' chànan agus a' chultar a thogail.

### Taobh a-muigh na Comhairle

Thèid Plana Gàidhlig na Comhairle fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làrach-lìn againn. A bharrachd air sin-

- Thèid brath-naidheachd dà-chànanach a chur a-mach ag innse mun phlana
- Thèid am plana fhoillseachadh tro ghrunn àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta a' gabhail a-steach LinkedIn agus an duilleag Facebook Gàidhlig
- Thèid ceanglaichean a chur chun phlana fhoillsichte gu buidhnean leth-eisimeileach agus buidhnean treas-phàrtaidh eile, mar phàirt den cho-obrachadh againn leotha gus taic a thoirt dha a bhuileachadh
- Thèid ceanglaichean a chur chun phlana fhoillsichte gu prìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas-roinne; agus do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean eile le ùidh sa chùis.

## Buileachadh agus sgrùdadh

Bidh buileachadh Plana Gàidhlig 2024-29 air a stiùireadh le Fòram Co-obrachail Gàidhlig Dhùn Èideann, air a bheil Buill Thaghte, oifigearan na Comhairle agus prìomh luchd-ùidh agus riochdairean bho choimhearsnachd na Gàidhlig. Bidh e a' coinneachadh gach ràithe gus beachdachadh air adhartas agus gus prìomhachasan a chomharrachadh airson tuilleadh gnìomha.

Tha mion-sgrùdadh air FtG air a mhìneachadh sa Phlana Leasachaidh FtG agus air a stiùireadh le Bòrd Ionnsachaidh na Gàidhlig.

## Am Plana Gàidhlig san Ùghdarras Phoblach

### Uallach iomlan airson a' phlana

Tha an t-uallach iomlan air Stiùiriche Gnìomha nan Seirbheisean Corporra airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann. Faodar fios a chur thuca mar a leanas:

Dr Deborah Smart  
Stiùiriche Gnìomha, Seirbheisean Corporra  
Comhairle Baile Dhùn Èideann  
4 Margaidh an Ear, Dùn Èideann, EH8 8BG  
0131 529 482; Deborah.smart@edinburgh.gov.uk

Tha uallach bho latha gu latha air a' Phrìomh Oifigear, Poileasaidh is Lèirsinn, agus Prìomh Oifigear Leasachaidh airson Chànanan is Foghlam Gàidhlig airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig na Comhairle. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Eleanor Cunningham  
Prìomh Oifigear Poileasaidh, Seirbheisean Corporra  
Comhairle Baile Dhùn Èideann  
4 Margaidh an Ear, Dùn Èideann, EH8 8BG  
0131 553 8220; eleanor.cunningham@edinburgh.gov.uk

Bethan Owen  
Prìomh Oifigear Leasachaidh Chànanan is Foghlam Gàidhlig  
Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais  
Comhairle Baile Dhùn Èideann  
4 Margaidh an Ear, Dùn Èideann, EH8 8BG  
0131 469 3039; bethan.owen@edinburgh.gov.uk



# Pàipear-taice 1. Plana Buileachaidh

## Prìomhachas 1. A' cleachdadh na Gàidhlig

1.1 Dèan cinnteach gun leasaich clann agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) mothachadh làidir air cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig, ceangailte ri feallsanachd, lèirsinn agus amasan nan sgoiltean aca.

Thèid seo a lìbhrigeadh tron Phlana Leasachaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) againn [ga ùrachadh an-dràsta, plana 2021-24 ri fhaighinn air iarrtas]. Thèid gnìomhan a thoirt air adhart ann an co-obrachadh le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Comunn na Gàidhlig.

	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
1.1.1	<p>A' cumail ri <i>Edinburgh Learns for Life</i> agus stiùireadh nàiseanta, thoir sùil a-rithist air agus ùraich amasan is lèirsinn na sgoile ann an co-chomhairle ri luchd-ionnsachaidh agus teaghlachan gus am bi:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Feallsanachd agus dearbh-aithne ar coimhearsnachdan ionnsachaidh Gàidhlig air an neartachadh agus air an comharrachadh</li><li>• Gach neach-ionnsachaidh agus teaghlach nar coimhearsnachdan FtG a' faireachdainn gu bheil an aon luach, spèis agus gabhail a-steach aca, a rèir UNCRC agus Achd Co-ionannachd 2010</li><li>• Mothachadh air buannachdan dà-chànanais air a thuigsinn, air aithneachadh agus air a chomharrachadh le ar luchd-ionnsachaidh, an teaghlachan agus air feadh coimhearsnachdan sgoile san fharsaingeachd</li><li>• Ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs nas fhaicsinniche agus nas fhollaisiche tarsainn coimhearsnachdan ionnsachaidh ar sgoiltean.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1 agus till tiuge fad beatha a' phlana.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

	<b>Gnìomhan</b>	<b>Prìomh raon seirbheis</b>
1.1.2	<p>Leasaich agus cur ri com-pàirteachasan gus taic a thoirt do leasachadh ann an:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgil agus misneachd sa Ghàidhlig (luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, teaghlaichean)</li> <li>• Comas luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile</li> <li>• Dòighean-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig (oide-eòlas bogaidh, do luchd-obrach)</li> <li>• Tuigse de agus com-pàirteachadh le cultar na Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, teaghlaichean)</li> <li>• Leasachadh curraicealaim agus slighean gus eòlas luchd-ionnsachaidh àrdachadh airson gach buidheann nar buidhnean FtG, a rèir feumalachdan agus ùidhean cloinne agus dhaoine òga</li> <li>• Gnìomh coileanaidh nas fharsainge</li> <li>• Ceangal le coimhearsnachdan Gàidhlig gus gnìomhachd eadar ginealaich a neartachadh.</li> </ul> <p>Nì sinn seo le bhith a’ dèanamh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgrùdadh agus measadh leantainneach air com-pàirteachasan a tha ann mar-thà agus a’ bhuaidh aca, ann an co-chomhairle le coimhearsnachdan sgoile a bheir cothrom dhuinn buaidh a thomhas a thaobh: <ul style="list-style-type: none"> <li>○ Ìrean com-pàirteachaidh</li> <li>○ Àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig</li> <li>○ Ceangal nas fheàrr ri cultar agus coimhearsnachdan na Gàidhlig.</li> </ul> </li> </ul> <p>Stèidhichte air builean a’ phròiseas measaidh bidh sinn, bho Bhliadhna a Dhà ann an suidheachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>○ Cothroman a rannsachadh gus com-pàirteachasan làithreach atharrachadh, a leudachadh agus a neartachadh</li> <li>○ Com-pàirteachasan ùra a comharrachadh tro cheanglaichean ri coimhearsnachdan agus lìonraidhean ionadail/nàiseanta/eadar-nàiseanta</li> </ul>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

	<b>Gnìomhan</b>	<b>Prìomh raon seirbheis</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>○ Frèam a chruthachadh airson Com-pàirteachas.</li> <li>• Cuir air dòigh ro-innleachd conaltraidh nas fheàrr airson sgoiltean, a’ gabhail a-steach pàrantan FtG, a rèir gnìomhan a’ Phlana Leasachaidh FtG (ga ùrachadh an-dràsta, plana 2021-24 ri fhaighinn air iarrtas); mar phàirt de leasachadh na ro-innleachd, nì sinn sgrùdadh air roghainnean airson faidhlichean fuaim do dhaoine le ciorram fradhairc.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bliadhna 1: Thèid sgrùdadh agus measadh air com-pàirteachasan a chumail aig toiseach agus deireadh seisean acadaimigeach; pileat agus luachadh ro-innleachd conaltraidh</li> <li>• Bliadhna 2: Thoir air bòrd toraidhean an sgrùdaidh agus leasaich am frèam</li> <li>• Bliadhna 3: Frèam stèidhichte.</li> </ul>	
1.1.3	<p>Stèidhich agus neartaich lìonraidhean taiceil a’ gabhail a-steach com-pàirteachasan le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta tro chom-pàirteachadh gnìomhach ann an:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Lìonra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN)</li> <li>• Sruth-obrach lìonra “Adhartas Nas luaithe” Rùnaire a’ Chaibineit: Fastadh agus Glèidheadh Luchd-teagaisg; Ionnsachadh Didseatach agus Meadhanan; Eaconamaidh agus Margaidh na h-Obrach; Conaltradh Coimhearsnachd; Cleachdadh agus Taic Luchd-ionnsachaidh, Com-pàirteachadh.</li> </ul> <p>Co-obrachadh dlùth le:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bòrd na Gàidhlig</li> </ul>	<p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p> <p>Seirbheisean Corporra</p>

	<ul style="list-style-type: none"><li>• Foghlam Alba</li><li>• Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> a rèir 1.1.2 gu h-àrd agus air ath-sgrùdadh agus air a luachadh gach bliadhna mar a bhios iomchaidh do ghnìomhachd agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus choimhearsnachdan.</p>	
--	---	--

## 1.2 Thoir seachad cothroman taobh a-muigh na sgoile airson a' Ghàidhlig a chleachdadh.

1.2.1	<p>Co-cheangailte ri pròiseact Capital Gaelic, lean air adhart a' leasachadh chothroman airson conaltradh beairteach cànanain do luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh a' chlas, buidhnean Gàidhlig sa choimhearsnachd, agus buidhnean luchd-ionnsachaidh inbheach:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Lean air adhart a' conaltradh le com-pàirtichean Capital Gaelic Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba gus cothroman a chur air dòigh airson tursan agus pròiseactan (m.e. taisbeanadh Iain Fhrangain Chaimbeil aig an Leabharlann Nàiseanta, leasachadh briathrachan Gàidhlig airson Gailearaidh ùr na h-Alba le Taobh na Pàirce)</li><li>• Cuir air dòigh co-dhiù 3 tachartasan agus gnìomhan cudromach a thèid a thabhann gach bliadhna. Bidh seo aig an aon àm ri Seachdain na Gàidhlig (SnaG), am Mòd Ionadail agus Seachdain nan Sgoiltean Gàidhlig</li><li>• Dèan planadh sùbailte gus tuilleadh gnìomhachd Capital Gaelic a leasachadh ann an co-chomhairle le luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus coimhearsnachdan gus a bhith a rèir fheumalachdan agus ùidhean a tha a' fàs. Suirbhidh le taic bhon Chomhairle gu bhith air a dhèanamh sa choimhearsnachd Ghàidhlig le Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann.</li></ul> <p>Leasaich sgrùdadh agus measadh gus tomhas:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>○ ìrean com-pàirteachaidh</li><li>○ buaidh air farsaingeachd agus meud ceanglaichean coimhearsnachd</li><li>○ àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de cho-theacsan</li><li>○ misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Cuir air dòigh co-dhiù 3 tachartasan agus gnìomhan cudromach</li><li>• Dèan planadh sùbailte gus tuilleadh gnìomhachd a leasachadh ann an co-chomhairle le luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus coimhearsnachdan gus freagairt fheumalachdan agus ùidhean a tha a' fàs</li></ul>	Seirbheisean Corporra  Seirbheisean Cloidne, Foghlaim & Ceartais
-------	--	---

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaich sgrùdadh air gnìomhachd agus buaidh fad beatha a’ phlana, dèan lèirmheas agus measadh bliadhnail</li> <li>• Fad beatha a' phlana, dèan lèirmheas agus measadh bliadhnail.</li> </ul>	
1.2.2	<p>Obraich còmhla ri ar coimhearsnachdan sgoile, suidheachaidhean FtG eile, Spòrs Gàidhlig agus Comunn na Gàidhlig (CnaG) gus cothroman a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an gnìomhan co-obrachail tron Ghàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Stèidhich com-pàirteachasan eadar-sgoile ann an roinn na bun-sgoile; neartaich com-pàirteachasan àrd-sgoile agus deasaich frèam co-obrachaidh, mar eisimpleir, turas baidhsagail eadar Dùn Èideann agus Glaschu a’ gabhail a-steach leasachadh “slighe” airson gach baile-mòr</li> <li>• Stèidhich tachartasan agus gnìomhan cudromach airson com-pàirt a ghabhail annta / gan tabhann gach bliadhna.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> bliadhnaichean 1 agus 2</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

1.3 A' toirt taic do choimhearsnachd na Gàidhlig nan oidhirpean gus ionad Gàidhlig a leasachadh, ceangailte ri solar FMG, tro cho-obrachadh dlùth le coimhearsnachd na Gàidhlig sa bhaile.

1.3	<p>Bheir Oifigear Capital Gaelic, mar bhall den chomataidh, taic do Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann gus planaichean ullachadh airson ionad Gàidhlig ann an Dùn Èideann le bhith ag obair còmhla ri Oifigear an Ionaid a tha air ùr fhadhadh gus:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• taic-comhairle a thoirt seachad ann a bhith a' comharrachadh chothroman gus diofar thachartasan/bùthan-obrach Coimhearsnachd Gàidhlig a fhrithealadh gus inbhe an Ionaid àrdachadh</li><li>• taic a thoirt dha Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann agus Capital Gaelic gus pròiseact Ionad <i>Pop-up</i> a lìbhrigeadh aig Seachdain na Gàidhlig 2024, gus sealltainn mar a bhiodh ionad Gàidhlig Dhùn Èideann san àm ri teachd, a' gabhail a-steach cruthachadh àite Gàidhlig far am bi an cànan air a bruidhinn agus air a cluinntinn ann an àrainneachd shòisealta nàdarra. Chuir sinn taic ris an Ionad le tagradh maoineachaidh soirbheachail gu Bòrd na Gàidhlig airson latha coimhearsnachd ann an 2024, a' toirt a-steach taic bhon Oifigear, an t-oifigear Tràth-bhliadhnaichean, agus buidhnean eile ann an Lìonra Capital Gaelic.</li><li>• conaltradh a bhrosnachadh eadar buidhnean Gàidhlig agus cur ri luach coimhearsnachd Ghàidhlig</li><li>• taic a thoirt do na suidheachaidhean sgoile againn gus pàirt a gabhail ann am planadh agus leasachadh an ionaid.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> A' dol air adhart bho bhliadhna 1.</p>	Seirbheisean Corporra  Àite  Seirbheisean Cloidne, Foghlaim & Ceartais
-----	---	---

## 1.4 Lean air adhart a' leasachadh conaltradh le coimhearsnachdan Gàidhlig gus barrachd com-pàirt a chumail ri sgoiltean FtG.

1.4

Mar a tha air a mhìneachadh nar Plana Leasachaidh FtG agus a tha ceangailte ris a' phròiseact Capital Gaelic:

- Dèan cinnteach gu bheil ar com-pàirteachasan Gàidhlig co-obrachail agus èifeachdach ann a bhith a' lìbhrigeadh amasan airson barrachd cleachdaidh agus misneachd sa Ghàidhlig ann an raon de cho-theacsan; leudachadh air an raon conaltraidh le coimhearsnachdan Gàidhlig. (m.e. le bhith a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh tro sgrùdadh com-pàirteachas sgoiltean)
- Leasaich ionnsachadh còmhla tro mheadhan na Gàidhlig (Com-pàirteachadh Phàrant)
- Dèan suirbhidh air feumalachdan is roghainnean ionnsachaidh phàrantan is luchd-cùraim ann an co-obrachadh le Comhairlean Phàrant Sgoile
- Thoir seachad cothroman do phàrantan Gàidhlig ionnsachadh gus taic a thoirt don chloinn aca a rèir toraidhean sgrùdaidhean, a thaobh:
  - o Cothroman ionnsachadh cànan aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne
  - o Treòrachadh gu goireasan poblach
  - o Tachartasan togail mothachaidh ann an sgoiltean.
- Cruthaich cearcall luachaidh a thaobh:
  - o ìrean conaltraidh phàrantan
  - o buaidh air comas cànan agus misneachd nan com-pàirtichean
  - o àrdachadh anns na h-ìrean de thaic as urrainn do phàrantan/luchd-cùraim a thoirt don luchd-ionnsachaidh againn.

**Raon-ama:** A' chiad sgrùdadh ri dhèanamh ann am Bliadhna 1 agus a-rithist gach bliadhna, le measadh air gnìomhan conaltraidh a thathar a' tabhann ann an co-obrachadh le pàrantan, luchd-obrach agus clann.

Seirbheisean  
Cloinne, Foghlaim  
& Ceartais



1.5 Brosnaich solar FtG.		
1.5	<p>Cruthaich agus sgaoil bhidio sanasachd de sholar FtG gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh coimhearsnachd agus trusadh ann an sgoiltean.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

1.6 Cothroman cosnaidh.		
1.6	<p>Dèan cinnteach gu bheil cothroman aig luchd-ionnsachaidh an sgilean ann an cànan na Gàidhlig agus tuigse air Cultar na Gàidhlig a cheangal ri cothroman cosnaidh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaich an raon de shlighean a tha rim faighinn do na sgoilearan san ìre as àirde, a' gabhail a-steach Preantasachdan Bunaiteach, a rèir obair air feadh a' bhaile mhòir air leudachadh shlighean do sgoilearan san ìre as àirde</li> <li>• Cuir air dòigh tachartasan bliadhnail Leasachadh an Sgioba-obrach Òig / tachartasan dreuchdail do luchd-ionnsachaidh thairis air an Fhoghlam Fharsaing Choitcheann agus san ìre as àirde le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach fastaichean. Dèan measadh air buaidh nan tachartasan sin a thaobh: <ul style="list-style-type: none"> <li>○ Ìrean com-pàirteachaidh</li> <li>○ Beachdan air cho feumail 's a tha tachartasan do luchd-ùidh</li> <li>○ Buaidh air mothachadh mu chothroman agus roghainnean air a dhèanamh le daoine òga agus teaghlaichean.</li> </ul> </li> </ul>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

- Cruthaich cothroman airson raon de greisean gnìomhachais agus greisean-obrach (aghaidh ri aghaidh agus didseatach) a fhreagras air feumalachdan agus ùidhean luchd-ionnsachaidh agus luchd-fastaidh, le com-pàirtichean Capital Gaelic agus suidheachaidhean sgoile/0-3 ag obair a dh'ionnsaigh co-dhiù aon chothrom le gach buidheann ann an Capital Gaelic
- Cuir air dòigh agus leasaich prògram Tosgairean na Gàidhlig le sgoilearan àrd-ìre agus oileanaich Oilthigh Dhùn Èideann, a rèir mhodalan soirbheachail a thathas a' cleachdadh gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh cànan ann an sgoiltean agus oilthighean Dhùn Èideann
- Stèidhich cearcall leantainneach de luachadh agus leasachadh a rèir feuman is ùidhean luchd-ionnsachaidh, gus tomhas a dhèanamh air:
  - o Ìrean com-pàirteachaidh
  - o Buaidh air comas agus misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig
  - o Mothachadh sgoilearan air slighean obrach is ionnsachaidh ceangailte ri FtG
  - o Èifeachdas a' mhodail dhan luchd-ùidh.

**Raon-ama:** Bliadhna 1.

- Stèidhich buidheann-obrach thùsail de luchd-ùidh ann am Bliadhna 1 gus frèam-obrach a mhìneachadh thairis air beatha a' phlana
- Dèan pìleat air tachartasan dhreuchdan agus stèidhich pròiseas de cho-chomhairle luachaidh luchd-ùidh bliadhnail gus leasachadh thar beatha a' phlana a stiùireadh
- Dèan co-chomhairle ann am Bliadhna 1 gus modalan a dhearbhadh airson greisean gnìomhachais agus greisean obrach a thèid a dhearbhadh ann am Bliadhna 2
- Stèidhich pròiseas de cho-chomhairle luachaidh luchd-ùidh bliadhnail gus adhartas thar beatha a' phlana a stiùireadh. Dèan pìleat air Prògraman Tosgaire Cànan ann am Bliadhna 1.

## Prìomhachas 2. Ag ionnsachadh na Gàidhlig

<p>2.1 Lean air adhart a’ leasachadh càileachd solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) bho 0-18 a rèir stiùireadh nàiseanta agus air a chumadh le com-pàirteachadh luchd-ùidh, a tha a’ toirt a-steach guthan cloinne is dhaoine òga.</p>		
2.1.1	<p>Lean air adhart a’ neartachadh ar solar Cròileagan 0-3 agus a’ leudachadh ruigsinneachd air feadh a’ bhaile:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Leudaich an roghainn agus an raon de ghnìomhachd a tha ri fhaighinn air feadh a’ bhaile a’ gabhail a-steach seiseanan pop-up, agus na seiseanan pop-up air an cumail le leabharlannan ionadail, gàrraidhean nan lusan, msaa.</li><li>• Neartaich cleachdadh didseatach gus barrachd taic a thoirt do ionnsachadh dachaigh</li><li>• Lean air adhart a’ sgrùdadh solar agus suirbhidh phàrantan.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1 agus ath-sgrùdadh/measadh bliadhnail.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
2.1.2	<p>Leasaich co-leanailteachd solair 0-5, a’ gabhail a-steach an solaraiche com-pàirteach againn, le bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Ag ullachadh Plana Leasachaidh Ro-innleachdail airson seirbheisean 0-3, ceangailte ri Planadh Leasachaidh Tràth-bhliadhnaichean agus prìomhachasan ionadail/nàiseanta</li><li>• A’ cruthachadh cothroman leasachaidh proifeiseanta co-roinnte sa Ghàidhlig, far a bheil sin comasach agus iomchaidh</li><li>• A’ co-chruthachadh frèaman curraicealaim co-cheangailte thar seirbheisean 0-5</li><li>• A’ dèanamh cinnteach à taic leantainneach bhon Sgioba Leasachadh Càileachd.</li></ul> <p><b>Raon-ama:</b> Air a leasachadh ann am Bliadhna 1 agus air ath-sgrùdadh agus air a mheasadh gach bliadhna.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

2.1.3	<p>Cuir taic ri leasachadh ro-innleachdail agus leasachadh FtG tro bhith a’ dol an sàs le luchd-ùidh ann am Prògram Co-chomhairle fo stiùir Luchd-ionnsachaidh.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
2.1.4	<p>Mar a tha air a mhìneachadh nar Plana Leasachaidh FtG (ga ùrachadh an-dràsta, plana 2021-24 ri fhaighinn air iarrtas), leasaichidh gnìomhan ar prìomh ùghdarrais agus sgoile solar thairis air na prìomh chuspairean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ceannas agus stiùireadh luchd-obrach</li> <li>• An Curraicealam</li> <li>• Eadar-ghluasadan</li> <li>• Com-pàirteachasan.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> Luachadh is ath-sgrùdadh bliadhnail air a’ phlana; thèid tionndadh trì-bliadhna eile den phlana a leasachadh às dèidh a’ phròiseas co-chomhairleachaidh air a stiùireadh le luchd-ionnsachaidh agus bidh e na àite airson bliadhna acadaimigeach 2024-2025.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
2.1.5	<p>Leanaidh a’ Chomhairle a’ conaltradh le Riaghaltas na h-Alba, coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus luchd-ùidh eile gus beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil an comas againn gabhail ri iarrtas a tha a’ sìor fhàs airson FtG stèidhichte air mion-sgrùdadh air dàta iomchaidh.</p> <p><b>Raon-ama:</b> A’ leantainn fad beatha a’ phlana.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

2.2 Gabh os làimh an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a bhith a’ brosnachadh agus a’ toirt taic, mar a bhios iomchaidh, don chomas airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thabhann do luchd-còmhnaidh na Comhairle, a’ gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan iarraidh gun tèid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.

2.2.1	<p>Lean air adhart a’ co-obrachadh le buidhnean a bheir taic do dhà-chànanas agus ionnsachadh cànan trath agus, a’ ceangal ri buidhnean mion-chànanan eile gus am bi:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Buannachdan dà-chànanaidh air an tuigsinn, air an aithneachadh agus air an comharrachadh gu farsaing</li> <li>• Tuigse nas fheàrr aig luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean air an dòigh-obrach a tha mar bhunait air FtG.</li> </ul> <p>Bidh sinn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan a tha a’ comharrachadh dà-chànanas air an gabhail a-steach sa phrògram de thachartasan conaltraidh airson teaghlaichean agus coimhearsnachdan san fharsaingeachd.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> A’ chiad sreath de thachartasan ri phlanadh ann am Bliadhna 1 agus air ath-sgrùdadh agus air atharrachadh gach bliadhna, a rèir feum luchd-ionnsachaidh is teaghlaichean.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
2.2.2	<p>Dèan ath-sgrùdadh cuspaireil air solar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do chloinn ann an sgoiltean, teaghlaichean agus luchd-ionnsachaidh inbheach gus measadh a dhèanamh air an t-solar a th’ ann an-dràsta agus planadh leasachaidh a stiùireadh gus am bi conaltradh le ionnsachadh na Gàidhlig air a neartachadh. Bheir seo cothrom dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air a tabhann ann am barrachd bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

	<p>Bidh an t-Oifigear Tràth-bhliadhnaichean agus Oifigear Leasachaidh Capital Gaelic a’ toirt trèanadh mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach agus sgoilearan anns gach sgoil agus ionad tràth-bhliadhnaichean le soidhnicean dà-chànanach ùra no ùraichte. Bithear a’ tabhann taic leantainneach do luchd-obrach a tha airson beagan Gàidhlig a thoirt a-steach do shuidheachaidhean Tràth-bhliadhnaichean.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bho 2025.</p>	
2.2.3	<p>Cruthaich agus cuir air adhart stuthan teagaisg is ionnsachaidh airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a’ gabhail a-steach trèanadh do thidsearan is oidean:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' chiad sgaoileadh ghoireasan</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ùrachadh sanasachd agus taic do sgoiltean a bhith a’ cleachdadh nan goireasan.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> Gach bliadhna sa Chèitean agus san Lùnastal fad beatha a’ phlana.</p>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
2.2.4	<p>Cumaidh sinn oirnn a’ tabhann chlasaichean agus mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle agus gach com-pàirtiche a tha a’ maoinachadh Lìonra Capital Gaelic, rè teirm na sgoile</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1 bhon t-Sultain 2023, air ath-sgrùdadh agus air atharrachadh gach bliadhna gus freagairt air riatanasan luchd-obrach.</p>	Seirbheisean Corporra
2.2.5	<p>Lean air adhart a’ toirt taic do chothroman do phàrantan gus an cuid Gàidhlig a leasachadh tro bhith ag obair le sgiobaidhean Foghlaim is ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd na Comhairle, a’ gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh ghoireasan agus chothroman eile air taobh a-muigh na sgoile tro làraich-lìn sgoile is Comhairle, meadhanan sòisealta agus conaltradh sgoile, agus Comhairlean Phàrant.</li> </ul>	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais Seirbheisean Corporra

	<p><b>Raon-ama:</b> Ciad chomharrachadh, luachadh, taghadh agus treòrachadh gu goireasan ann am Bliadhna 1, ri ath-sgrùdadh agus atharrachadh gach bliadhna, a rèir feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus teaghaichean, agus na goireasan a tha rim faighinn.</p>	
--	--	--

### 2.3 Cothroman ionnsachadh mun chànan agus mun chultar.

2.3.1	<p>Lean air adhart a’ toirt chothroman do luchd-obrach ionnsachadh mu chànan is cultar na Gàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean air adhart a’ toirt seachad “Gaelic Lunch and Learn” rè teirm na sgoile airson luchd-obrach agus com-pàirtichean maoinichaidh Capital Gaelic</li> <li>• Lean air adhart a’ toirt taic do Bhuill Thaghte le bhith a’ toirt seachad aon seisean Mothachaidh gach bliadhna; cuideachd, taic airson iarrtasan Bhall Taghte airson eadar-theangachaidhean goirid</li> <li>• Cur air adhart bliadhnail den mhadal e-Ionnsachaidh agus cùrsa YouTube (2020)</li> <li>• Cum oirnn a' toirt taic do bhuidheann coimhearsnachd an luchd-obrach (thar buidhnean Capital Gaelic) – abairt Ghàidhlig na seachdain, agus coinneamhan sòisealta ràitheil.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1, air ath-sgrùdadh agus air atharrachadh gach bliadhna a rèir feumalachdan luchd-obrach.</p>	Seirbheisean Corporra
-------	--	-----------------------

2.3.2	<p>Lean air adhart a’ toirt chothroman do dh’inbhidh an cànan ionnsachadh agus a chleachdadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Clasaichean inbheach leis a’ Chomhairle – Lean air adhart le oidhirpean gus clasaichean oidhche a thoirt seachad (a rèir àireamhan agus gum bi neach-teagaisg ri fhaighinn)</li> <li>• Cuir a-mach fiosrachadh air goireasan a tha ri fhaighinn airson ionnsachadh agus cleachdadh cànan air duilleag Facebook Capital Gaelic (tha tòrr chothroman ann airson a’ chànan ionnsachadh agus a chleachdadh (Pàipear-taic 4, ri fhaighinn air iarrtas)</li> <li>• Bidh sgioba Capital Gaelic a’ toirt taic do bhuidhnean Cofaidh is Cabadaich, air an cumail aig Oilthigh Dhùn Èideann.</li> </ul> <p><b>Raon-ama:</b> Measadh bliadhnail air tairgse agus goireasan a tha rim faighinn gus freagairt air an ìre ùidh.</p>	Seirbheisean Corporra
-------	--	-----------------------



## Prìomhachas 3. A' brosnachadh na Gàidhlig

<p>3.1 A' stèidheachadh Capital Gaelic</p>	<p>Obraich còmhla ri buill Lìonra Capital Gaelic, BnaG agus Riaghaltas na h-Alba airson dòighean a rannsachadh gus Capital Gaelic a leasachadh mar bhrand seasmhach.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhnaichean 1 agus 2.</p>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p>3.2 Leasachadh Capital Gaelic</p>	<p>Lean air adhart a' leasachadh agus a' cumail suas com-pàirteachasan èifeachdach le raon de luchd-ùidh, ag obair còmhla gus amasan a' Phròiseict Capital Gaelic a libhrigeadh, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh cothroman airson co-obrachadh agus fios agus sàr eòlas a cho-roinn:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Geall prìomh thachartas coimhearsnachd a chur air dòigh air a stiùireadh le Capital Gaelic aig Seachdain na Gàidhlig le cothroman do phròiseactan is buidhnean Gàidhlig air feadh a' bhaile tighinn còmhla gus lìonrachadh a leasachadh agus cothroman co-obrachaidh a rannsachadh</li><li>• Thoir còmhla a-rithist Buidheann-stiùiridh Facebook Capital Gaelic gus adhartas a sgrùdadh a dh'ionnsaigh bùth aon-stad a thoirt gu buil far am faighear fiosrachadh mu ghnìomhachd is tachartasan Gàidhlig</li><li>• Comharraich cothroman tro Chomann Oifigearan na Gàidhlig Albannaich airson co-obrachadh le com-pàirtichean nàiseanta gus comas a thogail agus eòlas a cho-roinn.</li><li>• <b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</li><li>• Cruthaich prògram co-òrdanaichte de thachartasan cultarail no ealain Ghàidhlig leithid Seachdain na Gàidhlig agus Mòd Ionadail Dhùn Èideann.</li><li>• <b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</li></ul>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>

<p>3.3 A' brosnachadh chothroman</p>	<p>Leasaich ro-innleachd conaltraidh gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine mothachail air na cothroman gus cànan is cultar na Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh.</p> <p>Mar phàirt den obair seo, nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh ri fhaighinn ann an cruthan a fhreagras air a h-uile buidheann dhaoine, a' gabhail a-steach a bhith a' sgrùdadh roghainnean airson faidhlichean fuaim do dhaoine le ciorram fradhairc.</p> <p><b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1.</p>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
--------------------------------------	---	--

## Amasan Corporra, Luchd-obrach agus Corpais Coitcheann

Tha an earrann gu h-ìosal a' toirt gearr-chunntas air adhartas le amasan corporra, luchd-obrach agus corpais coitcheann. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun adhartas ri fhaighinn anns an adhartas bhliadhnail as ùire againn do Bhòrd na Gàidhlig airson 2021-22, a tha mar Pàipear-taice 2 den [aithisg gu Poileasaidh is Seasmhachd na Comhairle](#) sa Mhàrt 2023.

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
Cruthaich <b>suaicheantas agus brandadh</b> corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh. Bu chòir an aon ìre follaiseachd a bhith ann airson an dà chànain san t-suaicheantas.	Tha sinn air seo a ghealltainn ach chan eil dùil ri ùrachadh sam bith an-dràsta.	Seirbheisean Corporra
<b>Soidhnichean</b> air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.  Meudachadh air cleachdadh shoidhnichean Gàidhlig ann am prìomh làraich na Comhairle.	Tha dòigh-obrach aontaichte gum bi soidhnichean ùra agus soidhnichean a tha gan ùrachadh air an dèanamh dà-chànanach ann am prìomh thogalaichean na Comhairle, gu h-àraidh far am bi an àireamh as motha de dhaoine (soidhnichean prìomh dhorais a-mhàin).  Nì a' Chomhairle ath-sgrùdadh air an stiùireadh a th' ann an-dràsta le sùil ri farsaingeachd agus meud buileachadh shoidhnichean Gàidhlig a leudachadh agus gus aire luchd-obrach a thogail mu na dleastanasan aca gus am miann seo a libhrigeadh. <b>Raon-ama:</b> Bliadhna 1 airson lèirmheas.	A h-uile Buidheann-stiùiridh

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
<p><b>Conaltradh sa Ghàidhlig:</b> meudaich an uiread thar nam meadhanan.</p>	<p>Thèid coinneamhan a chur air dòigh gach dà mhìos le prìomh luchd-ùidh bho raointean seirbheis agus an Sgioba Conaltraidh a chomharrachadh chothroman gus aithisgean, puist agus artaigilean naidheachdan a thoirt seachad sa Ghàidhlig thairis air an dà mhìos a leanas.</p> <p>Rannsaich cothroman do luchd-ionnsachaidh susbaint a chruthachadh.</p> <p><b>Raon-ama: Thoir a-steach ann am Bliadhna 1.</b></p>	<p>Seirbheisean Corporra</p> <p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Adhartachadh:</b> A’ toirt seachad teachdaireachd bhrosnachail, air ath-aithris gu cunbhalach, gum bithear daonnan a’ cur fàilte air conaltradh bhon mhòr-shluagh don ùghdarras ann an Gàidhlig.</p>	<p>Tha seo stèidhichte anns na sgoiltean Gàidhlig mu thràth, far a bheil e nas iomchaidh; agus tha grunn luchd-obrach Corporra a' cleachdadh bann-coise BhnaG “toilichte conaltradh” air puist-d.</p>	<p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p>Bithear daonnan a’ gabhail ri <b>conaltradh sgrìobhte</b> ann an Gàidhlig (litrichean, puist-d agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad a rèir a’ phoileasaidh choitchinn.</p>	<p>Stèidhichte mu thràth. Chan eil feum air tuilleadh ghnìomhan.</p>	<p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p> <p>Seirbheisean Corporra</p>
<p><b>Ionad-fàilte agus am fòn:</b> Nuair as urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson sin a dhèanamh, agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis am measg a’</p>	<p>Tha seo stèidhichte ann am prìomh àiteachan (Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig) Chan eil feum air tuilleadh ghnìomhan.</p>	<p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raoitean-ama	Prìomh raon seirbheis
mhòr-shluaigh. Mura h-eil luchd-obrach ann airson seo a libhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh agus fastadh.		
Thèid coimhead gu cunbhalach air na cothroman a th' ann gus <b>coinneamhan poblach</b> a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, agus thèid sanasachd a dhèanamh orra. Anns na h-àiteachan sin far a bheil an àireamh sa cheud no àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig nas motha, bithear a' sùileachadh gun obraich sinn a dh'ionnsaigh seo mar chleachdadh àbhaisteach.	Tha cothroman buailteach a bhith co-cheangailte ri tachartasan sgoile; bhiodh feum air goireasan eadar-theangachaidh.	Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais
<b>Prìomh fhiosan-naidheachd</b> agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	Bithear a' cur a-mach fiosan-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gu cunbhalach anns an dà chànan. Thèid coinneamh planaidh ràitheil a chur air dòigh gus taic a thoirt dha seo.	Seirbheisean Corporra
Susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na <b>meadhanan sòisealta</b> , ag obair a dh'ionnsaigh mheadhanan sòisealta a tha gu tur dà-chànanach.	Tha seo a' dol air adhart tro Dhuilleag Facebook Capital Gaelic agus Seirbheisean nan Tràth-bhliadhnaichean.	Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim & Ceartais

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
<p>Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri faighinn air <b>làrach-lìn</b> an ùghdarras phoblaich, agus prìomhachas ga thoirt do na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a tharraing, ag obair a dh'ionnsaigh làrach-lìn dhà-chànanach anns na h-àiteachan sin far a bheil an àireamh sa cheud no àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig nas motha, bidh dùil ri seo mar chleachdadh àbhaisteach.</p>	<p>A' dol air adhart m.e. Cèitean 2021 - Tionndadh Gàidhlig de chinn-latha teirmean sgoile; thèid duilleag Capital Gaelic a leasachadh airson làrach-lìn na Comhairle.</p> <p>Slat-tomhais san amharc gus deagh chleachdadh a chomharrachadh ann an raointean eile agus beachdachadh air roghainnean do Dhùn Èideann.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p> <p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Foillsichidhean Corporra:</b> Thèid an ullachadh ann an Gàidhlig is Beurla, agus prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a leughadh.</p>	<p>Thèid am PG a chur a mach ann an Gàidhlig agus Beurla.</p> <p>Thèid beachdachadh air sgrìobhainnean eile, a rèir iomchaidheachd.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>
<p>Tha pròiseas na àite gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd <b>na Gàidhlig</b> àrd anns a h-uile fiosrachadh chorporra.</p>	<p>Bidh Oifigear Capital Gaelic a' toirt seachad a' chomhairle riatanach mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil càileachd is ruigsinneachd àrd, le taic bhon taobh a-muigh ga shireadh mar a dh'fheumar.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>
<p>Bu chòir beachdachadh gu cunbhalach air cothroman gus <b>taisbeanaidhean</b> poblach a shealltainn gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh a' bhuaidh as motha a thoirt air cùisean.</p>	<p>Tha seo ga dhèanamh mar phàirt de dhreuchd agus de ghnìomhachd a' phròiseict Capital Gaelic.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
<b>LUCHD-OBACH</b>		
<p><b>Sgrùdadh air sgilean:</b> Thèid sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus na feumalachdan trèanaidh aca a thaobh Gàidhlig tro bheatha gach eagrain den phlana.</p>	<p>Sgrùdadh luchd-obrach air feadh na Comhairle air a dhèanamh san t-Samhain 2020.</p> <p>Thèid ùrachadh a dhèanamh airson prìomh raointean seirbheis sa chiad bhliadhna den phlana seo.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p> <p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p>Bidh fiosrachadh mu Phlana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich mar phàirt den fhiosrachadh inntrigidh a gheibh <b>luchd-obrach ùr</b>.</p>	<p>Dèante: chaidh seo a thoirt a-steach sa Mhàrt 2019.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>
<p>Thèid cothroman trèanaidh is leasachaidh airson sgilean Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach, gu h-àraidh mar thaic do bhith a' coileanadh Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.</p>	<p>Tha sinn a' cumail oirnn a' tabhann cùrsaichean mothachaidh Gàidhlig agus cùrsaichean Gàidhlig do luchd-obrach aghaidh.</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>
<p><b>Cleachdadh na Gàidhlig:</b> Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach.</p>	<p>Tha seo ga dhèanamh ann am prìomh raointean (sgoiltean agus tràth-bhliadhnaichean).</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p> <p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Trèanadh mothachaidh:</b> Trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a libhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do àrd luchd-obrach,</p>	<p>Tha Oifigear Capital Gaelic a' toirt taic dha seo le bhith a' libhrigeadh:</p>	<p>Seirbheisean Corporra</p>

Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
<p>prìomh luchd-co-dhùnaidh eile agus luchd-obrach a tha a’ dèiligeadh gu dìreach ris a’ phoball.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Seiseanan seachdaineach “Lunch and Learn” airson luchd-obrach agus Buill Thaghte</li> <li>• Seiseanan Mothachaidh do Bhuill Thaghte</li> </ul>	<p>Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Fastadh:</b> Tha sgilean cànan Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas anns a’ phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich.</p>	<p>Tha seo mar phàirt den phròiseas fastaidh àbhaisteach againn mar fhiosrachadh, sgilean agus eòlas riatanach agus ion-mhiannaichte.</p>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Fastadh:</b> Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am Plana Ghàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.</p>	<p>Tha seo mar phàirt den phròiseas fastaidh àbhaisteach againn mar fhiosrachadh, sgilean agus eòlas riatanach agus ion-mhiannaichte.</p>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>
<p><b>Fastadh:</b> Bidh sanasan-obrach dà-chànanach ann no ann an Gàidhlig a-mhàin airson a h-uile dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.</p>	<p>Tha seo mar phàirt den phròiseas fastaidh àbhaisteach againn mar fhiosrachadh, sgilean agus eòlas riatanach agus ion-mhiannaichte.</p>	<p>Seirbheisean Corporra Seirbheisean Cloinne, Foghlaim &amp; Ceartais</p>



Amasan Sheirbheisean Corporra	Cleachdadh làithreach, gnìomhan a tha a dhìth agus raointean-ama	Prìomh raon seirbheis
<b>Corpas na Gàidhlig</b>		
<p><b>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig:</b> Thèid cumail ris an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig anns na stuthan sgrìobhaidh uile a thèid fhoillseachadh leis an ùghdarras phoblach.</p>	Bidh stuthan sgrìobhte buntainneach a’ gèilleadh.	Seirbheisean Corporra
<p><b>Ainmean-àite:</b> Iarrar agus gabhar ri comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba air ainmean-àite Gàidhlig.</p>	Tha seo air a dhèanamh mar àbhaist.	Seirbheisean Corporra